

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

Tar-shealladh

Tha sinn an dòchas gun gluais an galar lèir-sgaoilte COVID-19 gu ìre nas ciùine agus gu bheil e air slighe gu bhith na bhioras gnàthach. Tha seo air a dhèanamh comasach leis an adhartas ann am banachdachadh agus ann an leigheasan ùra, a tha le chèile air cuideachadh le bhith a' lùghdachadh cho dona 's a tha buaidh a' bhiorais. Tha COVID-19 fhathast na chunnart, ach tha sinn an dòchas gum cùm an cunnart seo a' sìor lùghdachadh tron earrach agus an samhradh.

Ro-innleachd san àm ri teachd

Tha sinn an dùil gum bi deagh bhuaidh ion-dhìonachd, leigheasan èifeachdach, agus atharrachaidhean air giùlan agus àrainneachdan fiosaigeach, ga dhèanamh comasach dhuinn, aig a' char as fheàrr, cur às do cheumannan laghail agus aig a' char as miosa, an cleachdadh ann an dòigh chuibhrichte agus sealach.

Mar thoradh air suidheachadh a' ghalair lèir-sgaoilte an-dràsta agus ar beachdachadh air suidheachaidhean a dh'fhaodadh nochdadh san àm ri teachd, saoilidh sinn gum bu chòir an rùn ro-innleachdail a tha a' stiùireadh ar freagairt ri COVID-19 atharrachadh a rèir na h-ìre nas ciùine den ghalar lèir-sgaoilte a tha sinn an dòchas a th' ann a-nis:

Gus COVID-19 a riaghladh gu h-èifeachdach, gu sònraichte tro atharrachaidhean agus ceumannan slàinte a neartaicheas ar foghainteachd agus ath-bheothachadh agus sinn ag ath-thogail airson àm ri teachd nas fheàrr.

Tha sinn an dùil nach bi uiread aire a-nis air àireamhan chùisean a chumail sìos, agus barrachd air lùghdachadh croin. Tha an rùn ro-innleachdail ùr cuideachd ag aithneachadh gu bheil uallach airson riaghladh COVID-19 air a cho-roinn eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail, seirbheisean poblach nas fharsainghe, gnìomhachasan, an treas roinn, coimhearsnachdan agus daoine fa leth. Tha pàirt againn uile ann a bhith furachail a thaobh COVID-19, ann a bhith ag atharrachadh mar a tha sinn beò, ag obair agus ag eadar-obrachadh gus cron a lùghdachadh, agus ann a bhith a' togail barrachd foghainteachd an aghaidh èiginn bhiorais san àm ri teachd.

Bidh ceumannan slàinte a neartaicheas ar foghainteachd fhathast nam pàirt dheatamach de dhòigh-làimhseachaidh èifeachdach air COVID-19 agus cumaidh sinn oirnn a' tasgadh nar comasan slàinte phoblaich gus barrachd foghainteachd a chur ris an t-siostam slàinte is cùram sòisealta.

Leanaidh sinn oirnn cuideachd a' cumail suas agus a' leasachadh comas deuchainn iomchaidh, gus taic a thoirt do cho-dhùnidhean slàinte phoblaich, slàinte sluaigh agus leigheas don fheadhainn a gheibh buannachd às. Dhaibhsan a gheibh an galair agus a dh'fheumas leigheas, tha raon de chungaidhean ann a-nis a lùghdaicheas cunnart droch thinneas no bàs.

Feumaidh sinn comann-sòisealta nas làidire agus nas seasmhaiche bho ghalaran a thogail agus bidh iarrtas leantainneach air a' phoball agus air buidhnean uallach a ghabhail airson an sàbhailteachd fhèin. An lùib seo feumar mòran de na giùlan dìon

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

air an do dh'fhàs sinn cho eòlach thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh fhigh a-steach nar beatha làitheil agus obair gnìomhachais.

A thaobh atharrachadh càite agus ciamar a tha sinn beò, ag obair, agus a' faighinn cothrom air seirbheisean, feumaidh sinn obair còmhla gus togalaichean agus àrainneachdan a dhèanamh nas sàbhailte. Tha sinn an dùil gum bi briseadh a-mach no ath-bheothachadh den bhìoras ann san àm ri teachd: bidh iad sin a' tachairt aig ìre institiuidheach, ionadail no nàiseanta. Thèid stiùireadh mu Riaghladh Tachartas Slàinte Phoblaich ùrachadh, agus, le com-pàirtichean, leasaichidh sinn frèam-obrach ùr de mhodaileadh, dàta agus anailis gus taic a thoirt do dhearcnachadh agus sgrùdadh COVID-19 san àm ri teachd. Cuidichidh seo sinn le bhith a' dearbhadh cuin agus ciamar a dh'fheumas sinn freagairt.

Gus an urrainn dhuinn dèiligeadh gu h-èifeachdach ri cunnartan a' bhìorais san àm ri teachd nì sinn cinnteach gu bheil a' cumail suas an reachdas riatanach. Ged a bhios reachdas ann, ged-thà, chan eil sin a' ciallachadh gum bi e air a chleachdadh, ach gum bi e deiseil ma thig feum air.

Feumaidh sinn cumail oirnn a' beachdachadh air feumalachdan a h-uile duine sa chomann-shòisealta ann a bhith a' leasachadh atharrachaidhean, lasachaidhean agus ceumannan dìon san àm ri teachd. Tha an galar lèir-sgaoilte air neo-ionannachd, bochdainn agus ana-cothrom a chur am mìosad, agus tha fianais shoilleir ann gu bheil an droch bhuaidh nas miosa do chuid, a' toirt a-steach daoine agus coimhearsnachdan a bha mar-thà ann an suidheachadh duilich. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun urrainn don a h-uile duine beatha nas àbhaistich a bhith aca agus sinn a' fosgladh a' chomann-shòisealta agus ag ionnsachadh a bhith beò le COVID-19. Chan urrainn dhuinn leigeil leis stèidheachadh mar ghalar nam bochd, nan daoine fo ana-cothrom no an fheadhainn ann an cunnart clionaigeach nas miosa.

Tha planaichean, modhan-obrach agus protocalan gus Alba a chuideachadh le bhith ag ullachadh airson bagairtean gabhaltach air an stèidheachadh, cho math ris na dòighean reachdail a tha nam bunait air riaghladh chunnartan gabhaltach ann an Alba. Mar a nochdas mùthaidhean ùra, tha comas againn a-nis mòran den dàta agus anailis a tha a dhìth oirnn a ghineadh taobh a-staigh Slàinte Phoblach Alba agus Riaghaltas na h-Alba.

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

Tha an ro-innleachd freagairt COVID-19 againn ri fhaicinn gu h-ìosal.



A' lìbhrigeadh ar dòigh-obrach

Tha sinn a' mìneachadh ar planaichean gu h-ìosal airson COVID-19 a riaghladh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Banachdach

Tha banachdach fhathast na phàirt dheatamach de ar freagairt do COVID-19, le [Buidheann Slàinte na Cruinne](#) ag aithris, suas chun na Samhain 2021, gur coltaiche gun do chasg a' bhanachdach còrr is 27,000 bàs bho COVID-19 ann an Alba.

Tha sinn a-nis ag obair air a' phlana lìbhrigidh gus banachdach a thabhann do gach pàiste aois 5 gu 11, a' leantainn comhairle o chionn ghoirid bhon Co-chomataidh air Banachdachadh agus Ion-dhìon (JCVI), agus bidh sinn a' tabhann in-stealladh neartachaidh a bharrachd a dh'aithghearr do gach inbheach aois 75 no nas sine, luchd-còmhnaidh dachaighean cùraim agus neach sam bith aois 12 no nas sine a' fulang mùchadh-dìona. Tha sinn cuideachd a' beachdachadh gum bi feum fhathast air banachdachan mar fhreagairt do COVID-19 ann an 2022/23 agus às a dhèidh agus, air an adhbhar sin, tha sinn ag ullachadh airson feum leantainneach air neartachadh banachdaich, gu sònraichte dhaibhsan anns a' chunnart as motha. Tha sinn a' leasachadh phlanaichean airson mòr-lìbhrigeadh banachdaich a ghabhadh a chur an sàs gu sgiobalta, nan tigeadh feum air. A bharrachd air sin, tha e na phrìomh eileamaid de ghnìomhachd agus de phlanadh dèanamh cinnteach gu bheil modail seasmhach ann airson lìbhrigeadh banachdachan COVID-19 an cois prògraman banachdaich agus ion-dhìon a th' ann mar-thà ann an Alba.

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

Tha sinn cuideachd a' meudachadh ar n-oidhirpean gus dèanamh cinnteach gun ruig am prògram banachdaich a h-uile duine agus gu bheil e làn in-ghabhalach le raon de ghnìomhachd com-pàirteachaidh agus com-pàirteachasan le buidhnean coimhearsnachd agus treas roinn gus conaltradh a dhèanamh le buidhnean beag-riochdachaidh.

Deuchainn agus dearcnachadh

Bidh ar dòigh deuchainn, agus ar dòigh lorg agus iomallachaidh, a' sìor atharrachadh mar a bhios an galar làir-sgaoilte fhèin ag atharrachadh. Bidh àite Deuchainn is Dìon nar raon eadar-theachdan ga fhreagrachadh gus a bhith a rèir riatanasan san àm ri teachd agus a rèir ar rùn ro-innleachdail ùr.

Mar phàirt de ghluasad faiceallach agus mean air mhean, bidh ar modh Deuchainn is Dìon a' cuimseachadh air na h-àrd-phrìomhachasan a leanas:

- dìon an fheadhainn as so-leònte agus an fheadhainn sa chunnart chlionaiseach as motha (àrd phrìomhachas tron ghalar làir-sgaoilte);
- taic do chùram euslainteach;
- cumail sùil air tricead galair;
- freagairt ri briseadh a-mach den ghalar; agus
- oidhirp a' dol am meud mar a dh'fheumar airson bagairtean slàinte san àm ri teachd.

Mar a ghluaiseas sinn tron earrach 2022 agus a-steach don t-samhradh, gluaisidh ar prìomhachasan air falbh bho na prògraman deuchainn air daoine gun chomharran a dh'ionnsaigh dèanamh cinnteach gum bi cothrom ann an deagh àm air:

- deuchainnean dhaibhsan aig a bheil feum air cùram clionaiseach no a gheibheadh buannachd bho leigheasan ùra agus leigheasan a tha gan leasachadh an-dràsta;
- fòcas leantainneach air dìon an fheadhainn a tha sa chunnart chlionaiseach as motha;
- Sgrùdadh a tha làidir gu leòr (a' gabhail a-steach sreathadh ginteil) gus cùisean den ghalar a tha a' nochdadh a ghlacadh tràth gu leòr airson freagairt èifeachdach;
- cumail a' toirt taic do fhreagairtean ionadail ann an coimhearsnachdan far a bheil tar-chur leantainneach; agus
- a' toirt taic do riaghladh agus lasachadh air briseadh a-mach den ghalar ann an suidheachaidhean le cunnart sònraichte – le comas ar freagairt a mheudachadh mar a dh'fheumar gus dèiligeadh ri bagairt san àm ri teachd.

Foillsichidh sinn plana eadar-ghluasaid mionaideach sa Mhàrt 2022 a' mìneachadh phlanaichean ùraichte airson Deuchainn is Dìon ann an ìre ghnàthach a' ghalair, agus mar a làimhsicheas sinn an gluasad bhon t-suidheachadh a th' ann an-dràsta chun na h-ìre sheasmhaich sin. Dearbhaidh seo dè cho fada 's a leanas an t-eadar-ghluasad às dèidh deireadh a' Mhàirt.

Ann an eadar-ama, leanaidh sinn oirnn a' toirt cothrom air na deuchainnean PCR agus LFT don t-sluagh san fharsaingeachd san aon dòigh agus a tha e an-dràsta, le ùmhlachd don chomhairle a thaobh dè cho tric 's a bu chòir LFT a dhèanamh. Tha

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

sinn ge-tà, ag atharrachadh ar dòigh deuchainn do dhaoine gun chomharran aig ìre sluaigh bhon chomhairle a th' ann an-dràsta airson deuchainn a dhèanamh a h-uile turas mus tèid sinn am measg dhaoine eile, air ais gu comhairle gus deuchainn a dhèanamh co-dhiù dà uair san t-seachdain agus gu sònraichte mus tèid sinn gu àiteachan làn sluaigh no an cuideachd neach sam bith a tha so-leònte gu clionaigeach air sàillibh aois no suidheachadh slàinte.

Tha sinn fhathast a' comhairleachadh dhaibhsan le comharraidhean a' ghalair deuchainn PCR a chlàradh, agus do dhuine sam bith a gheibh dearbhadh COVID (an dàrna cuid tro PCR no LFT) fuireach aig an taigh airson na h-ùine iomallachaidh a thathar a' moladh gus an cunnart a lùghdachadh gun tèid an galar a sgaoileadh, gu h-àraid do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith so-leònte gu clionaigeach.

Leigheas

Tha raon de leigheasan ùra a-nis stèidhichte ann an riaghladh euslainteach san ospadal le COVID-19, a dh'fhaodas droch thinneas agus bàs a lùghdachadh. Tha sinn cuideachd a' tabhann leigheasan ùra a fhuair cead bhon Bhuidhinn Riaghlaidh airson Chungaidhean-leigheis agus Bathar Cùram Slàinte (MHRA) airson a thoirt do euslaintich nach eil san ospadal ach a tha ann an cunnart nas motha gum feum iad dol don ospadal le COVID-19.

Tha sinn cuideachd a' cur an gnìomh geallaidhean gus cùram is taic a leasachadh do dhaoine le COVID fada, le taic £10 millean bhon Mhaoin Taic COVID Fada. A bharrachd air sin, tha sinn air ùrlar fiosrachaidh COVID fada a leasachadh air NHS inform gus daoine a chuideachadh le bhith a' riaghladh na buaidh aig COVID fada agus faighinn gu tuilleadh taic far a bheil sin a dhith, agus cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do bhuileachadh an stiùiridh chlionaigich air feadh na RA air buaidhean fad-ùine COVID-19. Tha Roinn nan Seirbheisean Nàiseanta aig an NHS a' stèidheachadh Lìonra Ro-innleachdail a' toirt còmhla eòlaichean clionaigeach, Bùird NHS agus eòlas daoine a tha a' fulang gus taic a thoirt do leasachadh leantainneach, goireasan agus buileachadh sheirbheisean do dhaoine le COVID fada ann an Alba.

Cuiridh sinn fòcas cuideachd air leasachadh slàinte inntinn agus sunnd agus bheir sinn taic dhaibhsan a tha ann an cunnart clionaigeach nas motha bho COVID-19 agus leanaidh sinn oirnn ag obair gus dèiligeadh ri neo-ionannachd slàinte.

Cur an gnìomh ceumannan dìon nuair a tha feum orra

Feumaidh sinn uile cumail oirnn a bhith faiceallach is furachail agus leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' brosnachadh a h-uile duine gus:

- gaotharachadh a chur am meud
- làmhan a nighe agus sròn is beul a chòmhdach ma bhithear a' casadaich no a' sreothartaich.
- far a bheil sin iomchaidh, measgachadh de dh'obair bhon dachaigh is san oifis a dhèanamh.
- a' bhanachdach no neartachadh banachdaich fhaighinn nuair a tha thu airidh.
- na h-aplacaidean [Protect Scotland](#) agus [Check-in Scotland](#) a chleachdadh.

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

- deuchainn Lateral Flow a dhèanamh dà uair san t-seachdain, gu sònraichte mus tèid thu gu àiteachan làn sluaigh no an cuideachd neach sam bith a tha so-leònte gu clionaigeach;
- deuchainn PCR a dhèanamh ma thig comharraidhean COVID-19 ort no ma dh'iarras Deuchainn is Dìon ort.
- fèin-iomallachadh airson na h-ùine a thathar a' moladh ma gheibh thu deuchainn dearbhach no ma dh'iarras Deuchainn is Dìon ort.

Ged a chaidh a' mhòr-chuid de na riaghailtean a thaobh ceumannan dìon a thogail, tha ceithir ceumannan bunaiteach ann fhathast a tha riatanach fon lagh (aig àm foillseachaidh an Fhrèam-obrach Ro-innleachdail Ùraichte seo, 22 Gearran 2022):

- feumaidh tu còmhach-aghaidh a chaitheamh anns a' mhòr-chuid de dh'àiteachan poblach a-staigh agus air còmhdhail phoblach (mura h-eil saoradh agad).
- Feumaidh gnothaichean aoigheachd fiosrachadh mu luchd-cleachdaidh a chruinneachadh agus a cho-roinn gus taic a thoirt do chonaltradh Deuchainn is Dìon.
- feumaidh gnìomhachasan, solaraichean seirbheis agus àiteachan adhruidh aire a thoirt do stiùireadh mu bhith a' lùghdachadh cunnart bho choinneachadh ri COVID-19 san togalach aca agus ceumannan reusanta a ghabhail gus tricead agus sgaoileadh COVID-19 san togalach aca a lùghdachadh.
- feumaidh tachartasan mòra agus ionadan a tha ag obair anmoch air an oidhche sgeama teisteanais COVID-19 a ruith, gu 28 Gearran 2022; faic gu h-ìosal airson phlanaichean gus an riaghailt seo atharrachadh.

Thar ùine tha sinn an dùil na ceumannan laghail sin a thionndadh gu stiùireadh, agus gu tric bidh e ciallach do dhaoine fa-leth agus buidhnean cumail orra gan gabhail, far a bheil sin iomchaidh, gus cuideachadh le smachd èifeachdach a chumail air a' bhìoras.

Air 28 Gearran, thig an riathanas laghail airson teisteanas COVID-19 ann an cuid de shuidheachaidhean gu crìch. Ach dh'fhaodadh gum bi cuid de thogalaichean airson cumail orra ag iarraidh an leithid de theisteanas, gus am bi an luchd-cleachdaidh agus an luchd-obrach a' faireachdainn nas sàbhailte.

Air 21 Màrt (deit thuairmseach – fhathast ri dhearbhadh), tha sinn an dùil cur às don riathanas laghail airson còmhdach-aghaidh ann an àiteachan poblach a-staigh agus còmhdhail phoblach. A-rithist, is dòcha gum bi cuid de dh'àiteachan agus solaraichean seirbheis airson poileasaidh còmhdach-aghaidh a chumail gus an luchd-ceannaich agus an luchd-obrach a dhìon. Tionndaidhidh riathanasan laghail eile gu stiùireadh agus deagh chleachdadh mar a bhios iomchaidh.

Às dèidh sin, tha sinn an dùil gluasad gu dòigh-obrach nas seasmaiche a thaobh deuchainn, fèin-iomallachadh agus lorg luchd-conaltraidh, mar a thèid sinn air adhart tron phlana eadar-ghluasaid Deuchainn is Dìon againn. Tha sinn an dùil gun gluais sinn gu suidheachadh far a bheil sinn, mar a tha le galairean gabhaltach eile, a' comhairleachadh do dhaoine san fharsaingeachd fuireach aig an taigh ma tha iad

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

tinn gus am bi na comharraidhean aca a' falbh agus gu bheil iad a' faireachdainn nas fheàrr. Aon uair 's gu bheil riatanasan laghail air an togail, tha sinn an dùil gum bi daoine agus buidhnean fhathast ag atharrachadh a' ghiùlain agus na h-àrainneachd aca ann an dòighean a lughdaicheas sgaoileadh a' bhiorais.

Leanaidh sinn oirnn ag obair le ar com-pàirtichean gus planaichean riaghlaidh soilleir a leasachadh agus a bhuileachadh a thaobh briseadh a-mach den ghalar, le reachdas agus stiùireadh taice iomchaidh, aig ìre institiudeach, ionadail agus nàiseanta gus an tuig daoine agus buidhnean dè dh'fhaodadh a bhith a dhìth agus ann an dè na suidheachaidhean, agus gun urrainn dhaibh freagairt a rèir sin.

Bidh sinn deiseil airson dèiligeadh ri àrdachadh sam bith anns a' chunnart a tha a' bhioras a' bagairt, ge bith an ann bho chrionadh dìonachd, mùthadh ùr no factaran eile. Nì sinn breithneachadh faiceallach, a' toirt aire do na feartan iomchaidh uile, a' gabhail a-steach am barrachd foghainteachd a tha sinn an dùil a thoirt gu buil tro atharrachaidhean agus ceumannan slàinte.

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn raon fhreagairtean do chunnartan a chaidh a mheasadh gus soilleireachd a libhrigeadh airson adhbharan dealbhaidh, agus aig an aon àm a' cumail na sùbailteachd a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gu bheil na freagairtean againn air an cuimseachadh gu h-iomchaidh. Tha e cudromach cuimhneachadh nach bi a h-uile bagairt co-ionnan anns a' bhuidhean aca agus feumaidh ar freagairt aire a thoirt do na feartan iomchaidh uile.

Bidh feum air breithneachadh, agus measadh dàta ann a bhith a' co-dhùnadh dè an "ìre bagairt" a bu chòir a bhith an sàs aig àm sònraichte. Bidh iad sin cudromach cuideachd ann an dearbhadh dè an raon de cheumannan a dh'fhaodadh a bhith riatanach mar fhreagairt. A thaobh mùthadh ùr, bidh sinn a' beachdachadh an dà chuid air cho dona 's a tha e agus air cho comasach 's a tha e air sgaoileadh. Is e an rud a dh'ionnsaich sinn mu thràth nach bi na h-aon bhuidhean aig a h-uile cunnart, agus mar sin chan urrainn do aon fhreagairt a bhith iomchaidh don h-uile suidheachadh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh mùthadh ùr a tha gu math gabhaltach ach le buaidh nas laige a bhith na chunnart nas lugha na fear nach eil cho gabhaltach ach aig a bheil buaidh nas miosa. Sin an t-adhbhar nach biodh e iomchaidh no cuideachail a bhith a' suidheachadh stairsneach stèidhichte no brosnachaidhean gnìomha (me, àireamh shuidhichte de chùisean airson gach 100,000 den t-sluagh), oir dh'fhaodadh sin leantainn gu freagairt a tha ro lag no ro làidir. Bidh breithneachadh mu nàdar agus a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig cunnart sam bith san àm ri teachd fhathast cudromach.

Uair sam bith a thèid ceumannan dìon sealach a chur an sàs a tha os cionn na h-ìre freagairt àbhaistich, cumaidh sinn iad fo ath-sgrùdadh cunbhalach (me a h-uile trì seachdainean) agus cumaidh sinn sùil gheur air comharran dìreach COVID, agus comharran slàinte, sòisealta is eaconamach nas fharsainghe gus an urrainn dhuinn na ceumannan dìon sin a lasachadh cho luath 's a tha e iomchaidh sin a dhèanamh.

Tha sinn an dùil gum biodh na freagairtean againn do chunnartan san àm ri teachd a' buntainn sa chumantas air feadh na dùthcha gu lèir aig an aon àm. Ach, nuair a bhiodh ceumannan sam bith an sàs bhiodh aire air an fheumalachd agus an co-

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

rèireachd thar diofar sgìrean na h-Alba, mar eisimpleir a thaobh ar coimhearsnachdan eileanach, aig an àm iomchaidh.

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

Bagairt air a Mheasadh	Roinnean freagairt (seòrsaichean dìon)	
Bagairt bheag	<p>Ceumannan àbhaisteach: Furachas, Ullachadh agus Seasmhachd (gun ceumannan laghail)</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dionachd àrd air a chumail suas tro phrògram banachdaich • Cothrom air leigheasan èifeachdach a rèir comhairle clionaigeach • Giùlan agus suidheachaidhean air an atharrachadh gus sgaoileadh a lùghdachadh (m.e. gaotharachadh nas fheàrr, stiùireadh iomchaidh air còmhach aghaidh) • Obair mheasgaichte ga bhrosnachadh nuair a tha sin iomchaidh agus a ghabhas a dèanamh • Riaghladh èifeachdach agus freagairteach air brisidhean-a-mach ionadail den ghalar • Deuchainnean cuimsichte agus furachas a' dol air adhart • Dh'fhaodadh ceumannan siubhail a bhith a' buntainn (me stèidhichte le dùthchannan eile) 	<p>Nòta: Cha bhiodh ceumannan dìon an sàs san lagh ach dh'fhaodadh iad a bhith fhathast nan deagh chleachdadh agus air an cumail san stiùireadh.</p>
Bagairt mheadhanach	<p>Ceumannan Dìon Bunaiteach = Cleachdadh àbhaisteach agus:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stiùireadh deuchainn ann do dhaoine nuair a tha comharran orra agus nuair nach eil • Stiùireadh gum bu chòir fèin-iomallachadh às dèidh deuchainn dhearbhadh • Feum air còmhach aghaidh ann an àiteachan poblach a-staigh agus air còmhachail phoblach • Stiùireadh air ceumannan reusanta gus cunnart ann an togalaichean a lùghdachadh • Dh'fhaodadh ceumannan siubhail a bhith a' buntainn • Teisteanas a dhith ann an raon cumhang de shuidheachaidhean 	<p>Nòta: Bhiodh ceumannan air an taghadh bhon roinn freagairt seo a bha riatanach agus iomchaidh - is dòcha nach biodh feum orra uile aig an aon àm.</p>
Bagairt mhòr	<p>Ceumannan Dìon Cuimsichte = Ceumannan bunaiteach agus:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Riatanas a bhith ag obair bhon taigh far a bheil sin comasach • Cuingeadan iomchaidh air cuid de shuidheachaidhean agus gnìomhan far a bheil cunnart nas miosa • Ceumannan dìon ann an suidheachaidhean eile far a bheil cunnart nas miosa • Stiùireadh gus coinneamhan sòisealta a lùghdachadh agus astar corporra a leudachadh far a bheil sin comasach. • Dh'fhaodadh riatanasan agus cuingeadan siubhail eadar-nàiseanta a bhith an sàs ann an cuid de dhùthchannan. • Teisteanas a dhith ann an raon nas fharsaing de shuidheachaidhean 	<p>Nòta: Bhiodh ceumannan air an taghadh bhon roinn freagairt seo a bha riatanach agus iomchaidh - is dòcha nach biodh feum orra uile aig an aon àm.</p>
(me mùthadh as urrainn faighinn seachad air dìonachd gu h-èifeachdach a tha a' dèanamh a' ghalair nas miosa)	<p>Ceumannan Dìon Susbainteach = Ceumannan bunaiteach agus cuimsichte agus:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dh'fhaodadh gum feumadh dùnadh (no fosgladh cuibhrichte) a dhèanamh air suidheachaidhean agus seirbheisean neo-riatanach eile • Crichean laghail air cruinneachaidhean sòisealta agus tachartasan. 	<p>Nòta: Cha tèid beachdachadh air 'ceumannan dìon susbainteach' ach mar an roghainn mu dheireadh anns na suidheachaidhean as miosa</p>

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

Taic do Ghiùlan agus Atharrachaidhean Cuideachail

Tha sinn airson gluasad bho bhith ag iarraidh air daoine cumail ri seata de riaghailtean a chuidicheas le bhith a' lùghdachadh sgaoileadh COVID-19 gu bhith a' stèidheachadh seata de ghiùlan adhartach a bhios daoine agus buidhnean a' gabhail os làimh gu saor-thoileach leis gu bheil iad den bheachd gur e sin an rud ceart ri dhèanamh.

Gus ar freagairt fad-ùine don bhìoras seo, mùthaidhean san àm ri teachd agus is dòcha bhìorasan eile a neartachadh, bidh sinn air thùs ann an com-pàirteachas le gnìomhachasan agus buidhnean gus giùlan dìon iomchaidh a stèidheachadh agus frèam-obrach a chruthachadh airson freagairtean slàinte phoblaich nas fheàrr. Obraichidh Riaghaltas na h-Alba leis a h-uile roinn gus atharrachadh a dhèanamh comasach a leigeas le gnìomhachasan, buidhnean agus sluagh na h-Alba a bhith nas foghaintich san àm ri teachd. Leasaichidh sinn cuideachd iomairtean gnìomhachais, stiùireadh soilleir agus ruigsinneach bho Riaghaltas na h-Alba, bheir sinn ùrachadh air an inneal gèillidh, agus bheir sinn taic do ghnìomhachd shaor-thoileach gus luchd-ceannaich a chuideachadh a' faireachdainn sàbhailte.

Obraichidh sinn le roinnean gus atharrachaidhean a chomharrachadh a bhios ag obair dhaibh. Cuidichidh sin le bhith a' lùghdachadh cunnart a' bhìorais agus le bhith a' cumail gnìomhachasan a' malairt leis nach bi uiread coltais ann gun tig feum air ceumnanan dìon a bharrachd nuair a nochdas bagairt ùr. Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh luchd-fastaidh gu làidir a bhith ag obair leis an luchd-obrach aca gus beachdachadh air modalan obrach measgaichte.

Tha an ro-innleachd conaltraidh 'Beò gu Sàbhailte' fo sgrùdadh agus thèid ùrachadh. Bidh am fòcas air fighe a-steach na giùlain a tha a dhìth nar beatha làitheil a' cleachdadh theachdaireachdan soilleir gus am poball a chuideachadh a' tuigsinn dè as urrainn dhaibh a dhèanamh agus carson.

A' cuideachadh le riaghladh COVID-19 gu h-eadar-nàiseanta

Ged nach eil àite sam bith an-dràsta air an liosta dhearg de dhùthchannan agus sgìrean as cunnartaiche a thaobh COVID-19, tha Buidheann Tèarainteachd Slàinte na RA (UKHSA) a' leantainn orra a' cumail sùil air dàta eadar-nàiseanta agus innsidh iad dragh sam bith do na ceithir nàiseanan. Thèid tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh aig deireadh a' Ghearrain/toiseach a' Mhàirt air roghainnean eile seach taighean-òsta Seirbheis Cuarantine Stiùirichte airson luchd-siubhail sam bith a thig à dùthaich a tha air an liosta dhearg san àm ri teachd.

Bidh an ath ìre den ath-sgrùdadh air ceumnanan siubhail eadar-nàiseanta a' cuimseachadh air dè an fhreagairt a bu chòir a bhith ann a thaobh mùthadh ùr den bhìoras aithneachadh san àm ri teachd. Bidh seo a' gabhail a-steach mìneachadh air 'làn bhanachdach' ann an co-theacs eadar-nàiseanta agus leasachadh air inneal tuiteamais chrìochan a bhios an UKHSA a' dèanamh.

Leanaidh sinn oirnn ag obair leis na dùthchannan com-pàirteach againn ann an Ceann a Deas na Cruinne gus taic a thoirt don fhreagairt aca don ghalar lèir-sgaoilte. Nì sinn seo le bhith: a' toirt seachad stuthan meidigeach airson COVID-19,

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

a' cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach à prògramadh banachdaich èifeachdach, a' co-obrachadh gus leasachaidhean iarraidh ann an cothromachd banachdaich air feadh na cruinne, agus le bhith a' cumail oirnn a' tasgadh maoin eachadh ann an iomairtean a bheir cothrom ceart air banachdachan COVID-19 do dhùthchannan com-pàirteach deas air an Sahara.

A' toirt taic do dhaoine sa chunnart as motha agus a' lùghdachadh neo-ionannachd slàinte

Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig daoine anns a' chunnart as motha càite an tèid iad airson tuilleadh stiùiridh, agus bheir sinn tuilleadh comhairle agus fiosrachaidh dhaibh agus leanaidh sinn oirnn a' coimhead ri dòighean air daoine a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart a chomharrachadh agus an cuideachadh, a' gabhail a-steach mùthaidhean ùra a dh'fhaodadh a bhith ann agus fianais ùr.

Bidh riaghladh COVID-19 san àm ri teachd ann an dachaighean-cùraim fhathast a' togail air na chaidh ionnsachadh mu cho cudromach 's a tha casg agus smachd ghalaran agus uidheamachd dìon pearsanta (PPE), agus buannachdan banachdaich.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leasachadh, tro 2022-23, dòigh-obrach ùr a thaobh mar a bhios an roinn phoblach a' ceannach agus a' solar PPE ann an Alba, le seo a' tighinn an gnìomh ann an 2023.

A' lùghdachadh Cron nas Fharsainghe agus a' toirt Taic do Ath-bheothachadh

Leanaidh sinn oirnn ag obair le roinnean thar na h-eaconamaidh agus an comann-sòisealta san fharsaingeachd fhad 's a chumas sinn oirnn a' lùghdachadh cron leantainneach agus cruinnichte na h-èiginn agus sinn uile a' gluasad air adhart le ath-bheothachadh ar seirbheisean poblach agus ag ath-thogail airson àm ri teachd nas fheàrr. Tha fios againn gu bheil COVID-19 air barrachd croin a dhèanamh air cuid sa chomann-shòisealta againn na air cuid eile, agus mar sin feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach nach bi ar gnìomhan a' dèanamh neo-ionannachd nas miosa, ach a' leasachadh bhuilean. Leanaidh sinn oirnn a' toirt taic do ar gnìomhachasan, suidheachaidhean foghlaim, cùram sòisealta, taigheadas, còmh dhail, ceartas agus seirbheisean poblach eile, a rèir ar Ro-innleachd Ath-bheothachaidh COVID-19.

Sùil air Adhart

Feumaidh sinn uile cumail oirnn a' dèanamh a h-uile càil a tha a dhìth gus fuireach foghainteach agus smachd a chumail air a' bhìoras. Cha tèid ar beatha air ais dìreach mar a bha i ro COVID-19 agus, gu dearbh, tha cuid de thaobhan de bheatha rè a' ghalair lèir-sgaoilte a bhiodh sinn airson cumail a dh'fhaodadh a bhith nam buannachd dhuinn san àm ri teachd.

Bidh an dòigh-obrach seo a rèir ar rùn ro-innleachdail: a' bhìoras a riaghladh gu h-èifeachdach, gu sònraichte tro cheumannan atharrachaidh agus slàinte mar a bhios sinn ag ath-bheothachadh agus ag ath-thogail airson àm ri teachd nas fheàrr. Mar

Frèam-obrach Ro-innleachdail na h-Alba air Ùrachadh - Gearran 2022

phàirt den dòigh-obrach againn nì sinn cinnteach gu bheil an stiùireadh air na dh'fheumas sinn a dhèanamh fhathast soilleir.

Mar a bhios sinn a' coimhead air adhart, cha dìochuimhnich sinn a h-uile duine a chailleadh leis a' bhìoras seo no an iomadh strì is ìobairt a dh'fhuiling sinn còmhla, agus a tha mòran dhaoine is bhuidhnean fhathast a' fulang. Gu sònraichte feumaidh sinn cumail oirnn a' toirt taic dhaibhsan a tha fhathast ann an cunnart nas motha bho COVID-19.

Agus bheir sinn taic do obair rannsachadh poblach COVID-19 ann an Alba an cois rannsachadh poblach na RA. Èistidh sinn ris na leasan agus an rannsachadh a tha a' nochdadh a chuidicheas sinn a' stiùireadh tro ghalaran lèir-sgaoilte san àm ri teachd agus amannan èiginn eile ann an dòigh nas fheàrr.